

TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS IS LUCHD-OBACH

Anns an earrann seo, gheibhear fiosrachadh mionaideach air mar a thèid gnìomhan agus Oifis a' Phrionnsa a mhaoineachadh, agus mu phrìomh dhleastanasan a luchd-obrach. Thèid cosgaisean an luchd-obrach agus a' mhòr chùid de chaiteachas air gnìomhan oifigeil is obraichean carthannais a phàigheadh às an teachd-a-steach bliadhnail a gheibh A Mhorachd Rìoghail bho Thalamh Diùc na Còirn.

CUNNTAS TEACHD-A-STEACH IS CAITEACHAIS

Bliadhna gu 31mh Màrt	2005 £000ean	2004 £000ean
Teachd-a-steach is maoineachadh		
Talamh Diùc na Còirn	13,274	11,913
Tabhartasan-gus-cuideachadh	2,381	3,856
Roinnean riaghaltais	307	292
Teachd-a-steach is maoineachadh gu lèir	15,962	16,061
Caitheachais		
Dleastanasan oifigeil is gnìomhachdan carthannais	6,145	5,947
Tabhartasan-gus-cuideachadh:		
Oifis Lunnainn agus àite-còmhnaidh oifigeil	1,242	2,951
Siubhail-trèana is èadhair oifigeil	1,059	825
Taic conaltraidh	80	80
	2,381	3,856
Cuairtean thall-thairis agus military secondees	307	292
Caiteachas oifigeil	8,833	10,095
Cìsean is caiteachais pearsanta	5,226	4,406
Caitheachas is cìsean gu lèir	14,059	14,501
Còrr obrachaidh	1,903	1,560
Caiteachas calpa toirt air falbh isleachadh, ath-dhiolaidh iasadan is gluasad gu cùl-stòran	(1,772)	(1,442)
Còrr airgid lom	131	118

TEACHD-A-STEACH IS MAOINEACHADH

Talamh Diùc na Còirn £milleanan
13.274

Talamh Diùc na Còirn

'S ann bho Thalamh Diùc na Còirn, air a dhèanamh an àirde de 54,850 hectaran de dh'fhearann ann an 20 siorrachd, a' mhòr chuid an taobh an iar-deas an Sasainn, a thig teachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh.

Air an oighreachd, tha togalaichean àiteachais, malairtich agus còmhnaidh. Tha dleastanas aig a' Dhuchy airgead a chur an seilbh.

Chaidh an oighreachd a chruthachadh an 1337 leis an Rìgh Eideard III airson a mhic is dhileabaich, Am Prionnsa Eideard, is bha e na phrìomh gnìomh teachd-a-steach a choisinn dha-san is dha Phrionnsaichean na Cuimrigh ann am bliadhnaichean ri tighinn às na so-mhaoin.

Bha e na chleachdadh fad linntean do theaghlaichean aig an robh oighreachdan am fearann is so-mhaoin eile a chumail an urras, gus am biodh teachd-a-steach aig na ginealaich ri tighinn, ach gun comas aca na so-mhaoin a reic. Rinneadh seo gus dèanamh cinnteach gum maireadh an oighreachd, is an teachd-a-steach ag èirigh àiste, bho ghinealach gu ginealach.

Chaidh an aon phrionnsabal a chur an gnìomh air Talamh Diùc na Còirn. Fon bhann-sgrìobhte 1337, a chaidh a dhearbhadh tro reachdas, chan eil còir aig Prionnsa na Cuimrigh teachd-a-steach no prothaid fhaighinn le bhith a' reic sho-mhaoin calpa. Gheibh e teachd-a-steach bliadhnail a chruthaicheas iad (a' leigeil lesi an cothrom cisean-cosnaidh a phàigheadh). Air sgàth cho cudromach is a bha an dileabach, tha 'beairteis urrais' a' Dhuchy, thar na bliadhnaichean, air an sgrìobhadh ann an reachdas, le teàrtaichead airgid a' Dhuchy fo stiùireadh Roinn Ionmhais na Bànrighinn.

Tha e na thaghadh pearsanta aig A Mhorachd Rìoghail cuid mòr a-mach à teachd-a-steach Talamh Diùc na Còirn a chur ri cosgaisean na h-obrach phoballaich is charthannais aige.

Ann an 2004-05, thàinig teachd-a-steach air an robh Oifis Prionnsa na Cuimrigh àiridh bhon Duchy gu £13.274 millean, an coimeas ri £11.913 millean an 2003-04. Bha a' mhòr chùid den àrdachadh seo mar thoradh air a' bhuidhe fad bliadhna a bha aig de thogalaichean malairteach le toraidhean nas àirde a chaidh a cheannach a' bhliadhna roimhe, agus le bhith a' sgrùdadh màl a' tighinn bho thogalacichean malairteach. Chuir an Duchy nas motha de mhaoineachaidhean an urras, seach roinnean, is dh' àrdaich seo teachd-a-steach. Lùghdaich a' mhòr chùid de mhàil bho thogalaichean àiteachais ann an seagh deimhinneach.

Tha Prionnsa na Cuimrigh gu mòr an sàs ann a bhith a' stiùireadh a' Dhuchy. Feumar a ruith aig ìre malairteach air sgàth reachdas pàrlamaideach. Ach co-dhiu, tha eachdraidh fada Talamh Diùc na Còirn agus dealas a' Phrionnsa fhèin oighreachd nas treasa is nas fheàrr na bha i fhàgail dhan fheadhainn a thig às a dhèidh feumach air dòigh-stiùbhardachd fad-ùine.

Air sgàth seo, tha Prionnsa na Cuimrigh a' dearbhadh gu bheil deagh ghnè a thaobh àiteachais is na h-àrainneachd, agus a bhith a' tarraing air an aon ràmh ri tuath is coimhearsnachdan ionadail, aig cridhe stiùireadh an Duchy. Tha e air a dhèanamh soilleir gun tig piseach air airgead fiù 's fhad 's a tha e a' gleidheadh is a' cumail suas choimhearsnachdan dhùthchail, cho math ri toirt taic do chèardachd is ailtireachd tràidiseanta. Tha teachd-a-steach agus luach so-mhaoin a' Dhuchy air àrdachadh gu mòr anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh.

Tha sgrùdadh teachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh bho Thalamh Diùc na Còirn eadar na prìomh roinnean so-mhaoin mar a leanas:

Bliadhna gu 31mh Màrt	2005 %	2004 %
Togalaichean malairteach	44	43
Fearann agus coiltearachd	28	30
Àiteachan-còmhnaidh	14	14
So-mhaoin airgid	14	13
Iomlan	100	100

Tha Oifis a' Phàipearachd a' foillseachadh chunntasan bliadhnail Talamh Diùc na Còirn agus gheibhear lethbhreac tron phost bho: TSO, PO Box 29, Duke Street, Norwich NR3 1PD; air-loidhne: www.tso.co.uk/bookshop; fòn: 0870 6005522; agus facs: 0870 6005533

£milleanan

Tabhartasan-gus-cuideachadh

2.381

Tha a' Phàrlamaid a' toirt seachad maoineachadh a dh'ionnsaigh chosgaisean oifigeil mar thoradh air dreuchd na Bànrighinn is i na Ceann-Stàite is a' tarraing air ais teachd-a-steach bh Oighreachdan a' Chrùin. Thèid am maoineachadh a roinn mar a leanas: (i) Liosta Sìobhalta airson na Bànrighinn agus gheibh Diùc Dhùn Èideann Suim Bhliadhnail bhon Phàrlamaid, (ii) Tabhartasan-gus-cuideachadh, agus (iii) cosgaisean a thèid a phàigheadh gu dìreach le Roinnean an Rìghaltais. Chan fhaigh Prionnsa na Cuimrigh airgead sam bith bhon Liosta Sìobhalta, ach cleachdar co-dhiù pàirt de na Tabhartasan-gus-cuideachadh a gheibh Dachaigh na Bànrighinn gus taic a thoirt do ghnìomhachdan oifigeil a' Phrionnsa.

Tha trì Tabhartasan-gus-Cuideachadh: Tabhartas-gus-Cuideachadh Seirbheisean Thogalaichean, a' coinneachadh ri cosgaisean airson àiteachan-còmhnaidh is oifisean a chleachdas an Teagach Rìoghail is an

Luchd-obrach a chumail suas; Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail air Plèan no Trèan, a' coinneachadh ri cosgaisean-siubhail oifigeil aig an Teaghlach Rìoghail is an Luchd-obrach air trèanaichean no plèanaichean; agus Tabhartas-gus-Cuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh Rìoghail, a tha fada nas lugha na an dà Thabhartas eile, is a tha a' coinneachadh ri feadhainn de na cosgaisean oifigeil a thuiteas air an Teaghlach Rìoghail.

Foilseachar cunntasan bliadhnail a thaobh nan Tabhartasan-gus-Cuideachadh agus an Liosta Shìobhalta. Chithear lethbhric aig www.royal.gov.uk no gheibhear iad bho Iar-Ionmhasair na Bànrighinn, Lùchairt Bhuckingham, Lunnainn SW1A 1AA.

Roinnean an Riaghaltais

0.307

£milleanan

'S e maoineachadh a thèid a ghluasad thairis dhan Teaghlach Rìoghail, is a thèid a chosg is a cheannsachadh leotha, a tha anns an Liosta, Shìobhalta, Suim Bhliadhnail bhon Phàrlamaid agus Tabhartas-gus-Cuideachadh. A bharrachd air seo, tha Roinnean an Riaghaltais a' coinneachadh gu dìreach ri cosgaisean na Bànrighinn is i na Ceann-Stàite. A thaobh Prionnsa na Cuimrigh, tha Roinnean an Riaghaltais a' pàigheadh airson luchd-obrach fhaighinn air iasad bhon Fheachdan Arm (£221,000 air a chosg le Ministreachd an Dion ann an 2004-05) agus cosgaisean chuirtean thall thairis a' freagairt iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis (£86,000 air a chosg leis an ODCC ann an 2004-05).

CAITEACHAS

Dleastanasan oifigeil agus gnìomhachdan carthannais

£milleanan

6.145

Chaidh beagan nas lugha na 50% de theachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh bho Thalamh Diùc na Còirn a chosg air dleastanasan oifigeil agus gnìomhachdan carthannais ann an 2004-05. A-mach à £6.145 millean, b' e £3.814 millean cosgais an luchd-obrach a thug taic dhan Mhorachd Rìoghail is e ris na dleastanasan oifigeil aige. Chithear mion-sgrùdaidh air caiteachas oifigeil air taobh duilleig 49.

Anns a' Dhachaigh tha 135 neach-obrach, làn-thìde is pàirt-thìde, aig Prionnsa na Cuimrigh, no 122.9 neach-obrach làn-thìde. Bidh 93.6 a' toirt taic dha is e ri dleastanasan oifigeil is gnìomhachdan carthannais is bidh 29.3 ag obair gu pearsanta dhasan, do Bhana-Diùc na Còirn, don Phrionnsa Uilleam is don Phrionnsa Eanraig. A-mach às an luchd-obrach oifigeil, tha coignear air iasad gun chosgais bho na Feachdan Arm, is aon neach eile air iasad gun chosgais bho eagrachadh eile.

Chithear clàr air taobh-duilleig 44 de luchd-obrach oifigeil a' Phrionnsa a' sealltainn gach roinn anns a' Dhachaigh. Tha an cosgais iomlan ann cuideachd, a' gabhail a-steach thuarastalan is caiteachas eile, de gach roinn.

Tabhartas-gus-Cuideachadh: Oifis Lunnainn agus àite-còmhnaidh oifigeil

£milleanan

1.242

Tha Tabhartas-gus-Cuideachadh Seirbheisean Thogalaichean na mhaoineachadh a gheibh Dachaigh na Bànrighinn bho Roinn a' Chultair, nam Meadhanan is an Spòrs gus na Lùchairtean fo shealbh a chumail suas, agus seirbheisean ceangailte is eile a phàigheadh.

Tha Taigh Chlarence na h-oifis Lunnainn is na h-àite-còmhnaidh oifigeil don phrionnsa, do Bhana-Diùc na Còirn, don Phrionnsa Uilleam agus don Phrionnsa Eanraig. Thèid a chleachdadh airson dinnearan oifigeil, cuirmean agus coinneamhan, cho math ri oifisean nan luchd-obrach a tha aig Am Morachdan Rìoghail.

Tha na prìomh sheòmraichean, air an làr as ìsle de Thaigh Chlarence, fosgailte dhan mhòr-shluaigh eadar an Lùnastal is an Dàmhair a h-uile bliadhna, ged a tha iad dùinte airson beagan làithean aig an àm seo fhad 's a tha am Prionnsa is a' Bhana-Diuc a' còmhnaidh ann.

Tabhartas-gus-Cuideachadh: Siubhal Oifigeil air plèan is trèan

£milleanan

1.059

Tha Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail na gheibh Dachaigh na Bàn-rìghinn bho Roinn na Còmh-dhalach gus cosgaisean-siubhail oifigeil èadhair no rathaid-iarrainn a phàigheadh. Thèid cosgaisean-siubhail càir airson Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-Diùc na Còirn a phàigheadh à teachd-a-steach a' Phrionnsa bho Thalamh Diùc na Còirn.

Air sgàth 's gum bi e na Rìgh, tha e na phàirt cudromach de dhreuchd a' Phrionnsa daoine a tharraing ri chèile à sgìrean eadar-dhealaichte den Rìoghachd Aonaichte, a bhith na fhòcas ann am beatha na dùthcha agus a bhith a' riochdachadh na dùthcha thall thairis. Tha an dreuchd a' gabhail a-steach tòrr siubhail a dh'fheumas a bhith èifeachdach is tèarainte, is a tha a' freagairt fheumalachdan dreacha. Ann an 2004-05, shiubhail A Mhòrachd Rìoghail còrr is 65,700 mìle air ais is air adhart eadar tachartasan oifigeil ann am Breatainn is thall thairis, a' gabhail a-steach cha mhòr 44,600 mìle de shiubhal ann an dùthchannan cèin. Chosg na cuairtean seo £1.06 millean ann an 2004-05.

Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach na cosgaisean caochlaideach le bhith a' siubhal le Cabhlach 32, air Heileicoptair na Bàn-rìghinn no air an Trèan Rìoghail. 'S ann air sgàth is gu bheil cosgaisean an lùib nam plèanaichean no an Trèana ge b'e cho tric is chaidh an cleachdadh a tha seo, is chan eil na cosgaisean seo ag èirigh à cuairtean sònraichte. Airson mìneachadh, thoiribh sùil air Aithisg Bhliadhnail Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail air Plèan no Trèan 2004-05 – ri fhaotainn air www.royal.gov.uk.

Tabhartas-gus-Cuideachadh: Taic Conaltraidh £milleanan
0.080

Tha Tabhartas-gus-Cuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh Rìoghail na mhaoineachadh a gheibh Dachaigh na Bàn-rìghinn bho Roinn a' Chultair, nam Meadhanan is an Spòrs a thaobh seirbheisean conaltraidh is fiosrachaidh ceangailte ri cuirmean is tachartasan oifigeil, Rìoghail.

Tha cosgaisean aig Oifis Prionnsa na Cuimrigh ann a bhith a' leasachadh agus a' stiùireadh prògram conaltraidh, a' cumail suas Oifis nam Meadhanan, a' leasachadh an làraich-lìn, a' toirt fiosrachadh coitcheann is foghlaim don phoball is do luchd nam meadhanan, agus a' fastadh oifigearan gus cuideachadh a thoirt doluchd nam meadhanan aig tachartasan agus tadhlaidhean oifigeil. 'S e Prionnsa na Cuimrigh fhèin a bhios a' pàigheadh a' mhòir chùid de na cosgaisean seo. Ach mar as trice, 's ann a-mach à Tabhartas-gus-Cuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh a chaidh cosgaisean bho cuideachadh nam meadhanan air feadh na dùthcha a phàigheadh.

Tursan thall thairis agus Luchd air iasad bho na Feachdan £milleanan
0.307

Tha na Luchd-Frithealaidh (fear làn-ùine is fear eile pàirt-ùine) agus triùir de cheathrar de na h-Oifigearan air iasad bho na Feachdan Arm gus cuideachadh a thoirt do Phrionnsa na Cuimrigh is e ris na dleastanasan oifigeil aige. Tha an dreuchdan air am mìneachadh air taobh-duilleig 47. Bha aig Ministreachd na Dìon £221,000 a phàigheadh ann an 2004-05.

Tha Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis a' pàigheadh airson Tadhlaidhean Oifigeil nuair a tha am Prionnsa a' dol thall thairis (ach na cosgaisean-siubhail air a phàigheadh à Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail). Ann an 2004-05, chaidh A Mhòrachd Rìoghail dhan Eadailt, Iòrdan, An Tuirc, Astràilia, Sealan Nuadh agus Fidsidh air tursan oifigeil. Rinneadh seo air sgàth iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis gus togail air na deagh cheanglaichean eadar Breatann agus dùthchannan eile air feadh an t-saoghail. Chosg An ODCC £86,000 air na tursan seo ann an 2004-05.

Cìsean agus caiteachas pearsanta £milleanan
5.226

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' pàigheadh cìsean cosnaidh dhe a shaor thoil fhèin air a theachd-a-steach bho thalamh Diùc na Còirn, a' cur riaghailtean cìse àbhaisteach an gnìomh aig ìrean làithreach, agus tha e a' pàigheadh cìsean cosnaidh air teachd-a-steach sam bith eile cho math ri cìs buannachd calpa, mar neach sam bith eile. Cho math ri pàigheadh airson dleastanasan oifigeil, gnìomhan carthannais agus fiachan cìse cosnaidh a' Phrionnsa, cleachdar teachd-a-steach Thalamh Diùc na Còirn gus coinneachadh ri caiteachas pearsanta Prionnsa na Cuimrigh, Bana-Diùc na Còirn, a' Phrionnsa Uilleim agus a' Phrionnsa Eanraig.

Tha an caiteachas seo a' gabhail a-steach tuarastalan 29.3 luchd-obrach pearsanta ionann is làn-ùine, nam measg rùnairean pearsanta, còcaire, oifigearan, gàirneilearan, luchd-obrach air an tuathanas is an oighreachd, agus luchd-obrach do Bhana-Diùc na Còirn, agus na Prionnsaichean, Uilleam is Eanraig.

Tha caiteachas pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach cuid cothromach de chosgaisean Taigh Chlarance agus Birkhall, agus a' cumail suas oighreachd is gàrradh Highgrove. Cuideachd, tha e a' gabhail a-steach cosgaisean cluich polo aig A Mhorachd Rìoghail agus na Prionnsaichean uilleam is Eanraig.

Cha bhi Prionnsa na Cuimrigh ri polo a-nis ach airson airgead-carthannais a-mhàin a thogail. Rè 2004, tha e na thuairmse gun deach £900,000 a thogail, a' tighinn gu £7.5 millean anns an deichead a dh'fhalbh.

Tha toraidhean Home Farm, tuathanas nàdarra a' Phrionnsa air Oighreachd Highgrove, fon cheann-cuspair seo. Tha e na thuathanas obrachaidh, a stèidhich am Prionnsa, a tha na eisimpleir de bhuanachdan malairteach is àrainneachdail de dh'àiteachas nàdarra.

LUCHD-OBRACH

Aig, agus airson, a' bliadhna gu 31mh Màrt 2005	Luchd-obrach ionann is làn-ùine Cosgaisean Oifigeil	£000s
Rùnaire Priobhaideach is Luchd-Cuideachaidh	3.0	
Oifis nan Rùnairean Priobhaidich		
Fo-Rùnaire Priobhaideach	1.0	
Iar-Rùnairean Priobhaideach	3.0	
Luchd-cuideachaidh rannsachaidh is rianachd	7.1	
Litrichean	4.0	
	18.1	
1,434		
Ionmhas agus Rianachd		
Ionmhasair agus Neach-cuideachaidh	2.0	
Ionmhas	8.0	
Sgiobachd	4.6	
Tasglann	3.0	
Manaidsear Shìostaman TF	1.0	
Oifigearan	3.5	
Ionad Fàiltichidh	1.0	
	23.1	
1,505		
Conaltradh		
Rùnaire Conaltraidh agus Neach-Cuideachaidh	2.0	
Rùnaire nam Meadhanan	1.0	
Iar-Rùnairean nam Meadhanan	2.0	
Oifigearan nam Meadhanan is Deasaiche Làraich-lìn	4.0	
	9.0	561
Roinn Maighstir a' Dhachaigh		
Maighstir a' Dhachaigh agus neach-cuideachaidh	2.0	
Luchd-frithealaidh	1.5	
Stiùirichean Prògram is Siubhail	4.5	
Buideilearan	2.0	
Còcairean	4.0	
Dràibhear	2.0	
Manaidsearan Taighe is Luchd-taigheadais	8.3	
Oifigear	1.0	
Luchd-obrach Seòmar an Lios-mheas	2.0	
Gardeners and Estate Workers	8.1	
Rianaire Cuairtean a' Ghàrraidh	1.0	
	36.4	
	2,645	

Oifis Carthannais

Stiùiriche Carthannais agus Neach-cuideachaidh	2.0	
Iar-Stiùiriche Carthannais	1.0	
Ceannard Leasachaidh	1.0	
Neach-comhairle carthannais is Neach-cuideachaidh	2.0	
Mion-sgrùdair	1.0	
	7.0	—

Luchd-obrach oifigeil aig 31mh Màrt 2005 93.6**Cosgais iomlan de dhleastanasan oifigeil agus gnìomhan carthannais**

6,145

- bliadhna 31mh Màrt 2005**Oifisean**

Tha prìomh oifis Prionnsa na Cuimrigh, far a bheil a' mhòr chuid den luchd-obrach aige ag obair, ann an Taigh Chlarence, a tha ri taobh Luchairt an Naoimh Sheumais ann an teis meadhan Lunnainn, agus ann an Lùchairt an Naoimh Sheumais fhèin. Thèid cosgais oifis Lunnainn a chumail suas, cho math ri goireasan agus fònaichean air a phàigheadh à Tabhartas-gus-Cuideachadh Seirbhisean Thogalaichean, ach cha bhi cosgaisean eile oifis Lunnainn, (faicibh taobh duilleig 42). Tha oifisean ann cuideachd do luchd-obrach oifigeil aig Highgrove agus Birkhall, àiteachan-còmhnaidh prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh. Mar thoradh air sin, thèid feadhainn de na cosgaisean ag èirigh aig Highgrove agus Birkhall a chur ri 'Dleastanasan Oifigeil agus Gnìomhan Carthannais', ged a bhios a' mhòr chuid den cosgaisean ceangailte ris an dà àite-còmhnaidh seo air an cuir a dh'ionnsaigh caiteachas pearsanta a' Phrionnsa.

Chithear na dleastanasan a tha aig gach roinn anns a' Dhachaigh anns na h-earrannan a leanas.

An Rùnaire Prìobhaideach

Tha An Rùnaire Prìobhaideach na phrìomh-phearsa ann an Dachaigh Prionnsa na Cuimrigh is e cunntachail do Phrionnsa na Cuimrigh airson a h-uile nì ann an obrachadh a' Dhachaigh, agus tha ceannas aige air na h-eagrachaidhean carthannais is eile a' Phrionnsa.

Oifis an Rùnaire Phrìobhaidich

Tha an Iar-Rùnaire Prìobhaideach an urra ri obrachadh oifis nan Rùnairean Phrìobaidich bho latha gu latha. Tha an Iar-Rùnaire Prìobhaideach agus na Fo-Rùnairean Prìobhaideach a' cur an gnìomh agus a' cur taic ri dleastanasan oifigeil, tachartasan agus gnìomhan carthannais a' Phrionnsa. Tha iad a' cur ri chèile leabhar-latha a' Phrionnsa; a' cur air dòigh a chlàir-ama de chuaritean oifigeil ann am Breatann is thall thairis; a' cur air dòigh seiseanan fiosrachaidh, cuirmean is eile; a' làimhseachadh litrichean; agus a' co-òrdanachadh rannsachadh is brath-ullachaidh ceangailte ri obair a' Phrionnsa.

Tha uallach sònraichte aig gach Rùnaire Prìobhaideach, agus tha iad an urra ri ceanglaichean a chumail le eagrachaidhean sònraichte a' Phrionnsa. Tha na h-uallaichean seo, cho math ris an fheadhainn aig prìomh luchd-obrach eile ri fhacinn air tabh duilleig 51. Bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh as ùire aig a' phrionnsa mu chùisean cuspaireil, is bheir iad fiosrachadh dhan Phrionnsa airson litrichean a sgrìobhas e gu Ministearan agus daoine cudromach eile (gus ceistean a chaidh a thogail le daoine ris an do thachair e, is e a' dol timcheall na dùthcha), agus airson na h-òraidean is na h-aistean aige.

Gheibh na Rùnairean Prìobhaideach taic bho rannsaichean, luchd-cuideachaidh pearsanta agus luchd-rianachd, is bidh iad ag obair gu dlùth ri co-obrichean ann an Oifis Rùnairean Prìobhaideach na Bànrighinn.

Tha Prionnsa na Cuimrigh, Bana-Diùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam agus Am Prionnsa Eanraig a' faighinn an t-uabhas de litrichean a h-uile bliadhna. Ann an 2004-05, mar eisimpleir, fhuair iad 47,000 litir. Tha tòrr a bharrachd co-sgrìobhaidh nuair a phòs Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-Diùc na Còirn. Eadar nochdadh a' gheallaidh-posaidh tràth anns a' Ghearran 2005 agus deireadh a' Chèitein 2005, thàinig 23,083 litir mun phòsadh a-steach chun na h-Oifis, is 22,010 dhiubh air leth taiceil agus 1,073 dhiubh an aghaidh a' phosaidh.

Tha litrichean chun na Dachaigh a' dèiligeadh ri raon farsaing de chuspairean, air am brosnachadh le cùisean an latha-an-diugh. Chì Prionnsa na Cuimrigh taghadh farsaing de na litrichean agus sgrìobhaidh e fhèin còrr is 2,300 litir gu peasanta gach bliadhna. Tha A Mhorachd Rìoghail a' dèanamh cinnteach gun deach litrichean a fhreagairt le Roinn an Conaltraidh às a leth, mur an tèid am freagairt leis fhèin no na Rùnairean Prìobhaideach aige. Cuideachd, gheibh Prionnsa na Cuimrigh iomadh iartas bho bhuidhnean carthannais is eagrachaidhean eile airson tabhartasan no rudan a ghabh a reic. 'S e

Roinn an Ionmhais a bhios a' dèiligeadh ri iarrtasan-thabhartais, is tha Roinn an Conaltraidh a' làimseachadh iarrtasan airson rudan ri reic. Ged nach eil e comasach a h-uile h-iarrtas a choileanadh, bidh A Mhorachd Rìoghail a' tathainn dhealbhan, leabhraichean ris an do chuir e a làmh fhèin agus cuairtean timcheall gàrradh Highgrove mar thiodhlacan. Ann an 2004-05, thog rudan air a thoirt mar thiodhlac airson reic còrr is £115,000 airson carthannais.

Ionmhas is Rianachd

Tha Roinn an Ionmhais agus Rianachd an urra ri rianachd ionmhais agus sgiobachd, siostaman fiosrachaidh agus rianachd anns an fharsaingeachd anns a' Dhachaigh. Tha an Ionmhasair os cionn na roinne, le taic bho Oifigear an Ionmhais agus bho Cheannard Sgiobachd is Rianachd.

Tha Roinn an Ionmhais a' cumail smachd air airgead tro bhuidseatan bliadhnail, cùntasan stiùiridh mìosail agus sreath de siostaman cùntasachd is dòighean-obrach. Tha e an urra ri luach an airgid as fheàrr, cuideachd.

'S ann leis an ionmhasair a tha dleastanasan smachd ionmhasail agus rianachdail airson The Prince of Wales's UK Charitable Foundation. Tha i an urra ri fear de na sineadasan den eagrachadh sin, A G Carrick Limited a gheibh teachd-a-steach le bhith a' reic ghràbhalaidhean-cloiche de dhealbhan a' Phrionnsa, bho reic leabhraichean agus bho bhùth Highgrove. Tha an teachd-a-steach bliadhnail aig na Charitable Foundations anns an RA is an SA nas motha na £3 millean. Tha còrr is £4 millean air a bhith air a thogail airson carthannais on a thòisich am Prionnsa a' reic ghràbhalaidhean-cloiche de na dealbhan-uisge. Cuideachd, bidh an Ionmhasair a' cumail sùil air gnothaichean airgid carthannas a' Phrionnsa, is i an urra ri gnothaichean clò-bhualaidh, cunradail is laghail.

Tha Roinn na Sgiobachd a' fastadh luchd-obrach, a' stiùireadh thuarastalan, trèanadh is leasachadh, slàinte is sàbhailteachd, agus cheanglaichean ris an luchd-obrach. Tha triùir thasglannaichean an urra ris na pàipearan ceangailte ri beatha a' Phrionnsa o na 1960an. Tha pàipearan as ùire air an cumail aig Lùchairt Naomh Sheumais, le pàipearan as sine anns an Tasglann Rìoghail aig Caisteal Windsor. Tha an Àrd-Thasglannaiche a' dèiligeadh ri iarrtasan ag iarraidh air a' Phrionnsa a bhith na Phàtran no Cheann-Suidhe de dh' eagrachadh no bhuidheann, no suidheachaidhean mar sin a bha ann roimhe. Tha siostaman TF a' Dhachaigh a' faighinn taic bho Roinn nan Siostaman TF aig Lùchairt Bhuckingham. Tha Manaidsear Shìostaman-Taice TF an urra ri gnothaichean bho latha gu latha air na siostaman seo.

Anns an roinn cuideachd, tha dà neach-frithealaidh (a' gleidheadh is an urra ri goireasan na h-oifis, leithid choimpiutairean, pàipearachd is càraichean) agus Luchd-Fàiltichidh.

Conaltradhean

Air sgàth 's gu bheil am Prionnsa na Dhìleabach, tha ùidh mhòr aig a' phoball agus na meadhanan anns a ghnòthaichea, cho math ri gnothaichean Bana-Diùc na Còirn agus na Prionnsaichean Uilleim is Eanraig. Tha aig Oifis nam Meadhanan fiosrachadh a sgaoileadh is tuigse nas fheàrr a bhrosnachadh, do dhaoine anns an fharsaingeachd de dh'obraichean is ghnòthaichean a' Phrionnsa. Tha an oifis sin a' làimhseachadh iarrtasan bhon mheadhanan mu Bhana-Diùc na Còirn, an dà Phrionnsa òga, agus Talamh Diùc na Còirn, is bidh e ag obair gu dlùth ri Oifis nam Meadhanan aig Lùchairt Bhuckingham, air gnothaichean coitcheann na Monarcachd.

Tha Rùnaire Chonaltraidhean an urra ri Oifis nam Meadhanan, anns a bheil Rùnaire nam Meadhanan, is dà fhò-rùnairen, 3 Oifigearan nam Meadhanan, Deasaiche an Làraich-lìn, agus Neach-cuideachaidh Pearsanta na Roinne.

Dèiligear an Oifis ri còrr is 40,000 iarrtas bho mheadhanan ionadail, nàiseanta ia eadar-nàiseanta gach bliadhna. Tha e a' solarachadh nam meadhanan airson gach tachartas poballach a' Phrionnsa ann am Breatainn is thall thairis. Sgaoilear 700 fiosan naidheachd, ainmeachaidhean, aithrisean is eile a h-uile bliadhna.

Bidh an Oifis a' cumail suas làrach-lìn a' Phrionnsa - www.princeofwales.gov.uk - cuideachd. Ann an 2004-05, chaidh còrr is 12.6 millean duilleag a bhualadh (air a dhùblachadh on bhliadhna roimhe) is tha e fhathast na ghoireas taitneach don mheadhanan, luchd-rannsachaidh is do dhaoine an seo is thall thairis. Cho math ri naidheachdan a' Phrionnsa, gheibhear fios mu obraichean a' Phrionnsa, òraidean, fios eachdraidheil, artaigealan is dealbhan. Gheibhear fios mu Bhana-Diùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam agus Am Prionnsa Eanraig air an làrach, cuideachd.

Maighstir a' Dhachaigh

Tha luchd-obrach an Oifis an Neach-Frithealaidh a' co-òrdanachadh clàr-ama a' Phrionnsa Uilleim. Tha iad a' cumail rian air a leabhar-latha bho latha gu latha, agus a' tabhann seanal-conaltraidh eadar luchd-obrach, am poileas agus eagrachaidhean taobh a-muigh airson turais a' Phrionnsa aig dachaigh is thall thairis. Mar as trice, bidh dà thurais mhòr thall thairis gach bliadhna. Bidh an Neach-Frithealaidh na oifigear anns na Feachdan, air a tharraing chun a' Dhachaigh 'son dà bhliadhna no mar sin.

Gach bliadhna, gheibh am Prionnsa na miltean de chuiridhean bho eagrachaidhean poballach is priobhaideach. Thèid gach fear dhuibh a dheasbad leis a' Phrionnsa is a Dhachaigh. Nì an Neach-Frithealaidh ceanglaichean ris na Rùnairean Priobhaideach, ri Oifis nam Meadhanan, agus eagrachaidhean a' Phrionnsa gus am bi A Mhorachd Rìoghail a' bruidhinn ri is a' coinneachadh ri raon mòr is farsaing de dhaoine is bhuidhnean anns an dùthaich.

Bidh an Neach-Frithealaidh is an Neach-Frithealaidh Sealach nan aghaidhean fiosrachaidh air ceistean an airm is ceistean dìona. Tha ceanglaichean dlùth eadar am Prionnsa agus na Feachdan Airm, an dà chuid am Breatainn agus air feadh a' Cho-fhlaitheas. Is e na Iar-Ceannard-Cabhlaich, na Sheanalair-Fo-Cheannard, is na Mharasgal-Èadhair ann am Feachdan na Dùthcha, tha e cuideachd na Àrd-Chòirnilear os cionn 9 rèiseamaidean ann am Feachdan Bhreatainn is 9 anns a' Cho-fhlaitheas. Cuideachd, tha e na Chòirnilear anns na Welsh Guards; Fo-Chòirnilear anns na Highlanders; na Chòirnilear Urramach Rìoghail ann an Yeomanry Na Bàn-rìghinn; na Cheannard-Cabhlaich Èadhair ann am Feachd-Èadhair Sealain Nuaidh; agus na Cheannard-Cabhlaich Èadhair Urramach aig RAF Valley.

Bidh am Prionnsa ri 8 in-shealbhachaidhean aig Lùchairt Bhuckingham a h-uile bliadhna, is thèid e gu tachartasan na Stàite às leth Na Bàn-rìghinn. Tha Oifis an Neach-Frithealaidh an urra ri cur na rudan seo air dòigh.

Tha aoigheachd-oifigeil na phàirt mòr de dhreuchd a' Phrionnsa. An-uiridh, bha timcheall air 7,400 aoigh aig Taigh Chlarence is toglaichean eile rìoghail. Anns na tachartasan seo, bha e a' cur fàilte air aoighean oifigeil cho math ri daoine aig a bheil oifisean àirde an dùthchannan eile, agus a' cur dhinnearan is chuirmean-chiùil air dòigh gus taing a thoirt do dhaoine an sàs ann an carthannas a' Phrionnsa. An 2004-05, thug A Mhorachd Rìoghail seachad 68 cuirm, dinneir, is òraid, eadar dinnearan beaga is tachartasan do cheudan.

Bidh a' mhòr-chuid den luchd-obrach a bhios an sàs ann an obraichean mar seo ag obair fad na seachdain, agus air an oidhche cuideachd. 'S e seachdain 'air' is seachdain 'dheth' a bhios aca. 'S ann à caiteachas pearsanta a thèid cosgaisean a tharraing airson luchd-obrach a chuidicheas am Prionnsa ann an dòighean priobhaideach. Bidh buidheileirean nan Fir an Taighe às leth a' Phrionnsa, a' cur fàilte air daoine, a' solar biadh is deoch, agus a' cur sheòmrachd air dòigh. Tha iad ag obair gu dlùth ri Manaidsearan a' Dhachaigh, is iad a' dèiligeadh ri suidheachaidhean glanaidh is aig dachaigh, agus bidh iad ag obair còmhla ris na Còcairean. Airson cuirmean is dinnearan nas motha, bidh na manaidsearan os cionn solarachd-bidhe is rianachd. Tha co-dhiù aon Bhuideilear ris a dhleastanas fad na tìde. Tha luchd-cuideachaidh aig a' Phrionnsa is iad ga chuideachadh a thaobh aodach is èideadh an dà chuid oifigeil is pearsanta.

Cleachdaidh am Prionnsa a dhachaigh priobhaideach aig Highgrove, gu h-àraidh Seòmar an Lios-mheas anns a' ghàrradh, airson tachartasan oifigeil agus aoigheachd. Chaidh Seòmar an Lios-mheas a dhealbhadh is a thogail leis a' Phrionnsa gu sònraichte airson suidheachaidhean mar seo, is tha e air a dheagh chleachdadh. Ann an 2004-05, mar eisimpleir, chaidh 21 cuirm, òraid is seiseanan-fiosrachaidh a chumail ann, le còrr is 2,300 aoigh.

An-uiridh, chaidh còrr is 24,500 duine timcheall a' ghàrraidh aig Highgrove, a' cur crìoch air an cuairt le biadh is deoch ann an Seòmar an Lios-mheas. As t-samhradh, tha suas ri 9 cuairt, de 25 duine, gach latha - sin 900 cuairt anns a' bhliadhna. Thug luchd-tadhail £63,500 de thabhartasan-airgid do charthannas a' Phrionnsa an-uiridh. Cuideachd, bidh daoine aig tachartasan oifigeil a' dol timcheall a' ghàrraidh gu tric. Tha na cuairtean air an dealbh gus seirbheis no suidheachaidhean sònraichte aithneachadh, ach tha iad a' cur air adhart buannachdan a thaobh rianachd talmhainn is gàirnealaireachd nàdarra. Air sgàth 's gu bheil am Prionnsa airson dualchas nàdar Bhreatainn a ghleidheadh, tha e a' cleachdadh a' ghàrraidh mar thèarmann do chraobhan, lusain is bheathaichean a tha fo chunnart dol a-mach à bith.

A-measg an fheadhainn a bhios a' tadhal air na gàrraidhean, tha buidhnean gàirnealaireachd is carthannais, is bidh oileanaich gàirnealaireachd agus rannsaichean ag obair ann tron bhliadhna. Chan eilear ag iarraidh

airgead airson biadh no deoch, ach faodaidh luchd-tadhail rudan a cheannach ann am Bùth Highgrove, leis na prothaidean a' dol dhan Prince of Wales's UK Charitable Foundation.

Tha sgioba de ghàirneilearan aig a' Phrionnsa. Air sgàth 's gu bheil an gàrradh fosgailte dhan phoball, tha a' mhòr chuid de chosgaisean air a riarachadh gu caiteachas oifigeil (ach thèid cosgaisean oifigeil is pearsanta a phàigheadh à teachd-a-steach prìobhaideach a' Phrionnsa). Thèid an còrr, ceangailte ri mar a bhios am Prionnsa a' togail toileachas às a' ghàrradh, a phàigheadh à caiteachas pearsanta.

Carthannas

Chaidh Oifis Carthannais ùr a chur air dòigh an 2003-04, le bhith a' fastadh Stiùiriche Carthannais, agus Fo-Stiùiriche. Bhon an sin, chaidh luchd-obrach eile fhadhadh làn-thìde no pàirt-thìde, nam measg Ceannard Leasachaidh, Neach-comhairle Carthannais agus Neach-sgrùdaidh. 'S e The Prince of Wales's UK Charitable Foundation a phàigheas cosgaisean Oifis Carthannais.

Tha e na prìomh dleastanas aig an Oifis a' toirt taic is comhairle do charthannas a' Phrionnsa, gu h-àraidh 16 prìomh eagrachadh, air cuspairean mar stiùireadh corporra, poileasaidhean a thaobh thabhartasan is togail-airgid, dealbhadh, agus conaltradh. Anns an seagh seo, chaidh Stiùiridhean Obrachaidh ùr is nas mionaidiche fhoillseachadh leis an Oifis aig deireadh na bliadhna a thèid a chleachdadh le prìomh charthannas a' Phrionnsa.

Bidh an Oifis a' solar cheanglaichean eadar na buidhnean-carthannais eadar-dhealaichte, a' cuideachadh ann a bhith a' fastadh chathraichean agus urrsairean, agus a' cumail sùil air leasachadh bheachdan is thionnsgnaidhean ùra. A-rithist, chaidh adhartas a dhèanamh an na raointean seo uile anns a' bhliadhna a dh'fhalbh, gu h-àraidh le bhith a' stèidheachadh cheanglaichean nas dlùithe is conaltradh nas fheàrr eadar na buidhnean. Chithear mar a bhios an Oifis a' cuideachadh ann am pròiseactan ùra mar The Prince's Initiative anns na h-Ìnnseachan.

Tha an Oifis air a bhith an sàs gu mòr ann a bhith a' cruthachadh dearbh-aithne ùr a thèid a chleachdadh leis na 16 eagrachaidhean - air a bheil 'The Prince's Charities' - agus ann a bhith a' foillseachadh stuth mun obraichean agus mun euchdan aca.

CUAIRTEAN BLIADHNAIL

Bidh am Prionnsa a' tadhal air Alba is a' Chuimrigh gu tric gach bliadhna. Cuideachd, cuiridh e seachad seachdain-obrach ann an Lùchairt Holyroodhouse an Alba, agus sreath de thachartasan oifigeil anns a' Chuimrigh. Tha na cuairtean nas fhaide, bliadhnail seo, ceangailte gu sònraichte ri cuirmean is dinnearan, a' cosg mu £44,000, leis na cosgaisean seo a' tighinn fo caiteachas 'aoigheachd oifigeil'.

COSGAISEAN OIFIGEIL AIR AN SGRÙDADH A RÈIR ROINNEAN CAITEACHAIS

Chaidh caiteachas a sgrùdadh is a mhìneachadh, a rèir roinne, anns na h-earrannan roimhe. Tha an clàr gu h-ìosal a' sgrùdadh dhleastanasan oifigeil agus gnìomhachdan carthannais a rèir roinne.

Bliadhna gu 31mh Màrt	£000ean 2005	£000ean 2004
Cosgaisean Luchd-obrach	3,814	3,213
Trèanadh, fastadh agus math luchd-obrach	133	148
Siubhal is teachd-an-tìr	174	176
Comhairle bhon taobh-a-muigh is cisean proifeiseanta	262	238
Aoigheachd oifigeil	507	655
Tabhartasan is tiodhlacan	35	72
Goireasan	72	116
Àiteachan-còmhnaidh is oifisean	515	643
Seirbheisean nam meadhanan is seirbheisean fiosrachaidh	90	84
Pàipearachd is goireasan-oifis	102	80
Siostaman TF	129	241
Taigheadas	96	64
Àrachas	64	40
Gàrraidhean	30	38
Ìsleachadh	122	139
Iomlan	6,145	5,947

Tha na prìomh dhiofaran eadar caiteachas am-bliadhna is an-uiridh air a mhìneachadh gu h-ìosal.

Cosgaisean Luchd-obrach

Tha an cosgais de £3.8 millean ceangailte ri 93.6 luchd-obrach oifigeil, a' gabhail a-steach tuarastalan, Àrachas Nàiseanta, peinneanan is sochairean eile. Chunnacas àrdachadh de 9.5 ann an àireamhan luchd-obrach tron bhliadhna, le 4 luchd-obrach a bharrachd ann an Oifis Carthannais fhad 's a tha e a' fàs. Tha an àrdachadh de 19 às a' cheud ann an cosgaisean luchd-obrach a' comharrachadh gun do dh' àrdaich tuarastalan (air sgàth atmhòrachd) agus an àireamh de luchd-obrach, agus gun robh àrdachadh mòr a thaobh airgead a chur ri sgeama peinneanan luchd-obrach.

Comhairle bhon taobh-a-muigh is cisean proifeiseanta

Anns an roinn seo, 's e cisean laghail an rud as motha is sinne gar dìon fhèin ann an Tribiunal-tagraidh cosnaidh. Thàinig an Tribiunal sìos air taobh a' Dhachaigh air a h-uile puing.

Aoigheachd Oifigeil

Tha seo a' gabhail a-steach cuirmean is dinnearan a thachair aig Taigh Chlarence, ann an Seòmar an Lios-mheas aig Highgrove, Lùchairt Holyroodhouse, agus grunn àiteachan eile. Bha isleachadh ann an cosgaisean na roinn seo air sgàth thachartasan diofraichte agus cumail smachd air cosgaisean anns an fharsaingneachd, ged a bha cha mhòr an aon àireamh de thachartasan 's a bha ann an 2003-04. Tha na cosgaisean seo a' gabhail a-steach gleidheadh, cumail suas is màl Seòmar an Lios-mheas.

Àiteachan-còmhnaidh is oifisean

Tha an isleachadh ann an caiteachas a' comharrachadh gun deach nas lugha a chosg air ùrachadh oifisean às dèidh dhuinn gluasad gu Taigh Chlarence an 2003-04.

Pàipearachd is Goireasan-Oifis

Tha an àrdachadh ann an cosgaisean a' comharrachadh gun deach barrachd a chosg air goireasan-oifis mar eisimpleir preasan, bùird is sèithrichean a chionn 's gu bheil oifisean is luchd-obrach ùr ann am-bliadhna.

Siostaman TF

Chaidh an t-uabhas a chosg ann a bhith ag ùrachadh shiostaman an 2003-04.

DLEASTANASAN SÒISEALTA CORPORRACH

Tha am Prionnsa air a bhith a' moladh gu làidir gum bi gnìomhachasan mothachail air na dleastanasan aca a thaobh na h-àrainneachd is a thaobh dhaoine, agus tha e ag iarraidh air a luchd-obrach a Dhachaigh an dicheall a dhèanamh gus deagh ghnè a chleachdadh anns na raointean seo.

A thaobh na h-àrainneachd, tha a Dhachaigh a' cleachdadh luchd-solair aig a bheil dòigh-obrach dheimhinnich a dh' ionnsaigh buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh. Thathar a' cumail sùil air na thèid a chleachdadh de lùth, is thèid targaidean a stèidheachadh gus na h-ìrean seo a lùghdachadh.

Tha a Dhachaigh air leth deònach carbadan nas lùth-èifeachdaiche a chur an àite na càraichean aca cho luath 's a thèid carbadan leithid sin, a bhiodh a' freagairt fheumalachdan a' Phrionnsa, aithneachadh; mar eisimpleir, thathar a' cleachdadh càr dà-chonnaidh 'son cuairtean goirid timcheall Lunnainn, is cleachdaidh còrr is aon neach càraichean far a bheil e practaigeach.

Mar as trice, 's e conaltradh dealanach a thèid a chleachdadh anns a' Dhachaigh, thathar a' toirt seann choimpiutairean do charthannais is thèid catraisdean à clò-bhualadairean ath-nuadhachadh. Tha sinn a' ceannach pàipear 'ath-nuadhaichte', is bidh sinn a' cur a h-uile pìos pàipeir a chleachdas sinn a-mach 'son ath-nuadhachadh. Far a bheil e iomchaidh, nì sinn an aon rud le gloinne is stacoin, is cuirear stuth freagarrach eile anns a' chompost. A' leantainn phrionnsabal an Mhòrachd Rìoghail, tha gàrradh Taigh Chlarence a-nis uile gu lèir nàdarra.

Aig Highgrove, tha am Prionnsa air iarraidh gun tèid leirmheas eile a chumail air obraichean na h-oighreachd an lorgar dòighean gus buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh. Bidh an leirmheas seo, a-measg rudan eile, a' measadh chosgaisean is bhuannachdan teas bho mhìrean-fiodha a chleachdadh ann an toglaichean na h-oighreachd, no feadhainn dhiubh co-dhiù; tha siostaman seo a' teasachadh thaighean is uisge ann an dòigh 'carbon-neo-phàirteach' is tha e a' lùghdachadh CO₂ anns an àrainneachd. Chaidh pannalan grèine a chur anns na toglaichean-bainne ùr aig Tuathanas Dachaigh an Duchy gus uisge a theasachadh, is tha carbadan an tuathanais a' cleachdadh bio-connadh.

Tha dreuchd cudromach aig a' Dhachaigh anns na coimhearsnachdan far a bheil e ag obair. Cho math ri bhith fosgailte dhan phoball, thàinig 3 sgoiltean gu Taigh Chlarence an-uiridh is chunnaic iad obraichean a' Dhachaigh mar phàirt den churraicealam eachdraidh is saoranachd. Cuideachd, gheibh buidhnean ionadail is nàiseanta cuiridhean tighinn dhan ghàrradh aig Highgrove eadar an Giblean is an

Dàmhair a h-uile bliadhna. Mar eisimpleir, anns a' Mhàrt 2005 thàinig buidhean de GirlGuides à Swindon, is gheibhear oileanaich ghàirnealachd is threabhachais greisean-gnìomhachais. A-measg an luchd-obrach, tha tè a' tilleadh a dh' obair fo sgeama Women's Food and Garden Association.

Chur am Prionnsa na beachdan aige mu bhìadh ionadail le bhith stèidheachadh sgeama bogsa glasraich, aig a bheil dìthis luchd-obrach aig Tuathanas Dachaigh an Duchy. Reicear glasraich bhon tuathanas gu h-ionadail timcheall Tetbury, is uaireannan thèid an toirt do luchd-ceannachd. Tha an sgeama cho soirbheachail is gun deach barrachd ghlasraich a chur as t-samhradh seo.

Tha an Tuathanas Dachaigh aig A' Mhorachd Rìoghail mar thèarmann do ghnè fo chunnart. Cuideachd, tha e na thuathanas-eisimpleir aig an Soil Association, is am Prionnsa na phàtran dhaibh. Ann an 2004, thadhail 130 neach air, ann an 7 cuairtean. Tha Patrick Holden, a tha na Stiùiriche aig an Soil Association, a' dèanamh a-mach gun d' rinn na cuairtean seo diofar nach beag. "S ann mar thoradh air tuathanas is gàrraidhean Highgrove a tha e am buaidh as motha a tha air a bhith air luchd-dèanamh phoileasaidhean, muinntir nam meadhanan, uachdaran is muinntir gnìomhachas a' bhìdh, is iad a-nis a' faicinn nan cothroman an lùib biadh is obraichean nàdarra."

O 1990, dh'iarr Prionnsa na Cuimrigh air na luchd-barantais aige slatan-tomhais sònraichte a ruigsinn a thaobh na h-àrainneachd. Tha sinn a' stèidheachadh thargaidean freagarrach an-dràsta 'son gach neach-barantais. Mar sin, faodar lùghdachadh ann am buaidh air an àrainneachd a mheasadh nuair a thèid sgrùdaidhean a chumail air barantasan gach fear is tè dhiubh.

CÙRAMAN ROINNE AIG ÀRD-STIÙIRICHEAN

Cùraman roinne aig àrd-stiùirichean

Sir Michael Peat

Rùnaire Priobhaideach

- Uallaich iomlan a' Dhachaigh is na h-Oifis
- Gnothaichean bun-reachdail, deas-ghnathach is na Stàite
- An Eaglais Shasannach is buidhnean Crìosdail eile
- Neach-cathrach, The Prince of Wales's Charitable Foundation
- Talamh Diuc na Còirn
- Duchy Originals
- Na h-Oighreachdan Priobhaideach

Elizabeth Buchanan

Fo-Rùnaire Priobhaideach

- The Prince's Trust
- Gnìomhachasan, nam measg Business in the Community agus In Kind Direct
- Àiteachas is gnothaichean dùthchail
- An àrainneachd, mar eisimpleir The Prince of Wales's Business & the Environment Programme, agus iasgach-mara
- Am Poileas

Kevin Knott

Ceannard a' Dhachaigh

- Uallaich iomlan a' phrògram is an leabhar-latha
- Uallaich iomlan 'son cruinneachaidhean sòisealta is aoigheachd
- Luchd-obrach pearsanta
- Àiteachan-còmhnaidh gu lèir
- Teàrainteachd
- Dleastanasan corporra sòisealta
- Tuathanas Dachaigh a' Dhuchy
- US Charitable Foundation

Leslie Ferrar

Ionmhasair, le taic bho Gary Atack, Oifigear an Ionmhais; Mimi Watts, Ceannard Sgiobachd is Rianachd; agus David Hutson, Iar-Ionmhasair agus Manaidsear Chlàraidhean

- Uallaich iomlan a thaobh ionmhas, cùntasachd is cur an seilbh
- Sgiobachd
- Teic-fios
- Tasgaidhean is clàraidhean
- Gnothaichean chlò-bhualaidh, malairtich, chùmhnanntan is laghail
- AG Carrick
- Rùnaire priobhaideach Duchy Originals
- Uallaich iomlan an airgid a thaobh charthannas a' Phrionnsa, còmhla ri Stiùiriche nan Carthannas

Paddy Harverson

Rùnaire Chonaltraidhean, le taic bho Patrick Harrison, Rùnaire nam Pàipearan-naidheachd

- Gach gnòthach anns na meadhanan às leth Prionnsa na Cuimrigh, , a' Phrionnsa Uilleim, a' Phrionnsa Eanraig agus Bana-dhiùc na Còirn.

Sir Tom Shebbeare

Stiùiriche nan Carthannas, le taic bho Marie-Christine Poulain, Iar-Stiùiriche nan Carthannas; agus Oliver Brind, Ceannard Leasachaidh

- Ro-innleachd is obraichean Carthannasan a' Phrionnsa, gu h-àraidh a' togail airgid agus stiùireadh
- Stiùiriche, The Prince of Wales's Charitable Foundation

Mark Leishman

Fo-Rùnaire Priobhaideach

- Alba, is buidhnean Albannach a' Phrionnsa na lùib
- Slàinte, na lùib The Prince of Wales's Foundation for Integrated Health
- Foghlam, na lùib the Education Summer School
- Ciorram
- Roinn a' Chonaltraidh, fo stiùireadh Claudia Holloway, Ceannard Conaltraidh

James Kidner

Fo-Rùnaire Priobhaideach

- Èirinn a Tuath
- Cùisean dhùthchannan cèin
- an Co-fhlaitheas
- Leasachadh Eadar-Nàiseanta, na lùib The Prince of Wales's International Business Leaders Forum
- Na h-Ealain, nan lùib Arts & Business, The Prince of Wales's Arts & Kids Foundation agus The Prince's School of Traditional Arts
- Coimhearsnachdan cinnidh is creideimh

Manon Williams

Fo-Rùnaire Priobhaideach

- A' Chuimrigh
- An àrainneachd togte, na lùib The Prince's Foundation for the Built Environment
- Dualchas, na lùib The Prince's Regeneration Trust
- The Prince's Drawing School
- Seann daoine, nan lùib PRIME/PRIME-Cymru

Amanda MacManus

Fo-Rùnaire Priobhaideach (pàirt-ùine)

- Stiùireadh is co-òrdanacadh htachartasan, leabhar-latha is obair-charthannais Bana-Diùc na Còirn

Joy Camm

Fo-Rùnaire Priobhaideach (pàirt-ùine)

- Stiùireadh is co-òrdanacadh tachartasan, leabhar-latha is obair-charthannais Bana-Diùc na Còirn

Katy Golding

Fo-Rùnaire Priobhaideach (pàirt-ùine)

- Stiùireadh is co-òrdanacadh tachartasan, leabhar-latha is obair-charthannais Bana-Diùc na Còirn

Jamie Lowther Pinkerton

Rùnaire Priobhaideach don Phrionnsaichean Uilleam is Eanraig, le taic bho Helen Asprey, Rùnaire Pearsanta dha na Prionnsaichean

- A' toirt comhairle dha na Prionnsaichean a thaobh nan dreuchdan, patranachdan carthannais is gnothaichean eile, agus a' cur thacartasan oifigeil air dòigh dhaibh

Squadron Leader Richard Pattle

Neach-frithealaidh

- Na Feachdan Arm
- Clàr-ama, leabhar-latha, siubhal is solarachd
- In-shealbhachadh
- Na Seirbheisean-èiginn
- Spòrs
- Rannsaichearan is luchd-dùraigidh

Virginia Carington

Neach-cuideachaidh sònraichte do Phrionnsa na Cuimrigh is do Bhana-Diùc na Còirn

- An Cruinneachadh Rìoghail
- Litrichean pearsanta is tachartasan priobhaideach